




A' chlach-iarrtais

Cuairt dha na speurán



William Edmonds • Shelagh McNicholas agus Robert McPhillips

A' chlach-iarrtais



SANDBANK PR.
SANDBANK

Cuairt dha na speuran



An teaca William Edmonds
Na dealbhan Shelagh McNicholas agus
Robert McPhillips
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

A' falbh chun na gealaich

'S e latha teth samhraidh a
bha ann.

Bha Yasmin, Seoc agus Iain
a' dol a chluich dhan phàirc.

Ruith iad dhan raon-cluiche agus
shreap iad suas dhan tùr.


“Seall cho àrd 's a tha sinn!”

thuirt Seoc.

“Tha mi a' faicinn,” arsa Yasmin.

“B' fheàrr leam gum b' urrainn dhuinn
a dhol na b' àirde.”

“B' fheàrr leamsa gur e rocaid
a bh' anns an tùr seo,” ars Iain.




“Nach iarr sinn rudeigin air a' chloich-
iarrais?” arsa Yasmin, agus thug i clach
bheag a-mach às a pòcaid.

Bha a' chlach pinc, glas agus gorm, agus
bha toll na meadhan. Chuir Iain a
chòrrag dhan toll.

Dhùin iad uile an sùilean an uair sin
agus rinn iad cagar beag, “Aon ... dhà ...
trì ... Bu mhiann leinn ... !”

Nuair a dh'fhosgail iad an sùilean
a-rithist bha iad ann an rocaid.
“Tugainnibh dhan ghealaich san rocaid
againn,” arsa Seoc.
“Sgoinneil. Thèid!” ars Iain.
Thòisich iad uile ri cunntadh air ais an
uair sin, “10 ... 9 ... 8 ... 7... 6 ... 5 ... 4 ...
3 ... 2 ... 1 ... ÈIRICH!”



Gu socair, slaodach dh'èirich an rocaid.
Suas dhan adhar dhìrich i, suas, suas,
suas, a' dol na bu luaithe agus na bu
luaithe.
Chaidh i na b' àirde na na h-eòin,
na b' àirde na na plèanaichean.
Na b' àirde agus na b' àirde chaidh i,
suas dha na speuran.

Am broinn na rocaid bha Yasmin agus Seoc nan suidhe aig na h-uidheaman-stiùiridh. Thug Iain sùil a-mach air an uinneig. “Seallaibh,” ars esan, “tha mi a’ faicinn ball gorm agus uaine, agus tha e a’ fàs nas lugha agus nas lugha.” “Sin an saoghal againne,” thuirt Seoc. “Nis, seallaibh thall an siud,” ars Iain. “Tha mi a’ faicinn ball geal agus tha e a’ tighinn nas fhaisge agus nas fhaisge, agus a’ fàs nas motha agus nas motha.” “Sin a’ ghealach,” arsa Yasmin. “Cha mhòr nach eil sinn ann.”



“Air ur socair!” dh’èigh Iain.
“Tha sinn a’ dol ro luath.”
Shlaod Yasmin air an uidheam-stiùiridh
aice fhèin agus dh’fhàs an rocaid na bu
shlaodaiche. Shlaod Seoc air an
uidheam-stiùiridh aigesan agus
thionndaidh an rocaid mu chuairt.
“Thoiribh an aire!” dh’èigh Iain, agus
siud, thàinig an rocaid a-nuas le BRAG!



“Bhòbh!” dh’èigh Iain. “Tha sin air
a’ ghealaich. Seall ormsa. Tha mi
a’ leum cho àrd ri bàrr na rocaid.
Nach seall sinn airson uilebheistean
gealaich?” thuirt e.
“Fuirich rinne,” dh’èigh Seoc, ach bha
Iain air falbh leis fhèin a choiseachd air
a’ ghealaich.



“Càit an deach Iain?” dh’fhaighnich Yasmin.

“Chaidh e a choimhead airson uilebheistean gealaich,” arsa Seoc.

“S fheàrr dhuinn coimhead air a shon,” arsa Yasmin.

Cha robh sgeul air Iain.

Choimhead Yasmin agus Seoc ann an tuill agus ann an cruinn-shlocan, ach cha robh sgeul air ann an àit’.

An uair sin chuala Yasmin fuaim. Bha e a’ tighinn à cruinn-shloc mòr.

“OOOOOOO!” Chuala iad fuaim.

“Dè bha siud?” dh’fhaighnich Yasmin.


“Tha e coltach ri uilebheist. Greas ort, ’s fheàrr dhuinn tilleadh chun na rocaid,” arsa Seoc.

“Cha till,” arsa Yasmin. “Feumaidh sinn Iain a lorg.”





Leum Yasmin agus Seoc a-null chun
 a' chruinn-shluic mhòir.
 Chuala iad am fuaim cruaidh ud a-rithist.
 "OOOOOOO!" rinn e.
 Bha Yasmin air chrith.
 Choimhead i sìos dhan chruinn-shloc.
 Cò bha sin ach Iain? Bha e a' gàireachdainn
 riutha.
 "S tusa bha a' dèanamh an fhuaim ud,
 nach tu?" thuirt Yasmin.
 "Chan eil uilebheistean air a' ghealaich,"
 arsa Seoc.



Thill a' chlann air ais chun na rocaid ach
 nuair a bha iad na broinn chuala iad
 fuaim eile.
 Bha e uabhasach cruaidh.
 "OOOOOOOOOOO!" rinn e.
 "Chan e mise a tha a' dèanamh an fhuaim
 an-dràsta idir," ars Iain.
 "Feumaidh gur e uilebheist a th' ann."
 "Greasaibh oirbh!" arsa Seoc. "Air falbh
 à seo leinn."
 "10 ... 9 ... 8 ... 7 ... 6 ... 5... 4 ... 3 ...
 2 ...1 ... ÈIRICH!"

A' falbh gu Màrt

Dhìrich an rocaid, na bu luaithe agus na bu luaithe.

“Nach tèid sinn gu Màrt a-nis,” arsa Seoc.

“Tha mi 'n dòchas nach eil uilebheistean an sin,” ars Iain.

“Tha agus sinne,” arsa Seoc.




Chùm an rocaid air adhart. Dh'èigh Iain, “Seallaibh, tha mise a’ faicinn ball dearg, agus tha e a’ fàs nas motha agus nas motha.”

“Feumaidh gur e Màrt a th’ ann,” arsa Yasmin.

“Tha sinn gu bhith ann.”



“Air ur socair!” dh’èigh Iain.
“Deiseil airson laighe?”
Shlaod Yasmin air an uidheam-stiùiridh
aice fhèin agus dh’fhàs an rocaid na bu
shladaiche.
Shlaod Iain air an uidheam aigesan agus
thionndaidh an rocaid mu chuairt.
Thàinig an rocaid a-nuas gu socair agus
laigh i le SNAG!



Thàinig Yasmin, Iain agus Seoc a-mach
às an rocaid.
“Bhòbh!” thuirt Iain.
“Tha sinn air Màrt.”
“Agus cha robh duine eile riamh an seo!”
arsa Seoc.
“Chan e sinne an aon fheadhain a tha
an seo,” arsa Yasmin.
“Seall, thall an siud.”

Choimhead Seoc agus Iain mu chuairt.
An sin bha daoine beaga uaine le aodainn
chruinne agus sùilean mòra dearga.
“Feumaidh gur e Màrtanaich a th’ annta,”
arsa Yasmin.

“Halò,” thuirt i, ach cha do fhreagair na
Màrtanaich idir.

“Chan eil iad gar tuigsinn,” arsa Seoc.

“Dè nì sinn?”

“Bheir sinn rudeigin dhaibh ri ithe,” arsa
Yasmin.

Choimhead Seoc na phòcaid. Thug e
a-mach cròglachan shuiteas agus shìn e
mach a làmh dha na Màrtanaich.





Ach 's beag fios a bha aig na Màrtanaich
dè dhèanadh iad ri suiteis.
Chuir fear dhiubh suiteas air a cheann
agus chuir fear eile suiteas na chluais!



Sheall Iain dhaibh dè dhèanadh iad leotha.
Chuir e fear na bheul.
Chuir fear dhe na Màrtanaich suiteas na
bheul fhèin an uair sin agus rinn e gàire.

Às dèidh sin thug Màrtanach
 bàlla beag buidhe an urra do
 Yasmin, Seoc agus Iain.
 Shad Seoc am ball aige fhèin
 an-àirde.
 Thòisich na Màrtanaich
 ri lasganaich.



Sheall iad an uair sin dhan chloinn gun
 robh na buill math rin ithe agus chuir
 a' chlann nam beòil iad.
 Pop! Pop! Pop! rinn na buill bhuidhe.
 Cha do dh'ith a' chlann suiteis cho math
 ri siud riamh.



'S ann a chuala iad an uair sin màthair
 Mhàrtanach ag èigheach ris a' chloinn
 agus dh'fhalbh iad.
 Smèid Yasmin, Seoc agus Iain riutha
 agus smèid iadsan air ais len casan!
 Shreap iad air ais dhan rocaid.
 Thòisich an cunntadh sìos,
 "10 ... 9 ... 8 ... 7 ... 6 ... 5 ... 4 ... 3 ... 2
 ... 1 ... ÈIRICH!"

“Dè tha sibh air a bhith a’ dèanamh?”
dh’fhaighnich am màthair agus i a’ tighinn
a-nall chun an tùir san raon-cluiche.
“Dè am fuaim uabhasach a bha siud?”
“Uill,” arsa Yasmin. “S e stòraidh glè
fhada a tha sin.”



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© William Edmonds 1997

A’ chiad fhoillseachadh 1997
A’ chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A’ Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003
10 9

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha William Edmonds a’ dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a chomharrachadh
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 639 2